



TAIGH

Taigh

Alistair Paul

Gach còir glèichte. Tha còireachan an sgrìobhaichemar ùghdar fo Achd
Chòireachan, Dealbhachaidh agus Stèidh 1988 dearbhte

© *Alistair Paul* 2023

Rinn an taigh aig Conall Ceannadach snodha-gàire ris is e air tilleadh bho obair. Nochd fiamh caogaidh anns an uinneig ri thaobh. B' e daonnan fàilte bhlàth a gheibheadh Conall bhon taigh aige. Chaidh an snodha-gàire aig an taigh na chraos is chaidh Conall a-steach troimhe, 's e a cromadh sìos fon bhile uachdarach. A-staigh anns an trannsa-sgòrnain thàinig diobardan tuirceas-purpaidh air na ballachan a cho-fhreagair air dathan a léine. Nochd plionas air aodann Chonaill. Shìn e làmh dhan bhalla is bhean e ris le bàidh a' toirt a-steach a' phlogaidh fhainn na bhroinn. Cha b' e ach saobh smaoin a bh' ann a thug air DNA craiceann ghubarnaich a splaidhseadh a-steach gu DNA an taighe aige nuair a rinn e an deilbheadh air ach chun an latha an-diugh bheireadh e mòr-thlachd dha gach turas a mhireadh na dathan tro chorp an taighe aige gu h-obann.

Ged a bha an àireamh de bhith-thaighean air fàs gu mòr sna beagan bliadhnaichean a dh'fhalbh, b' e an taigh aig Conall an aon taigh aig an robh an neònachas sin. Gu dearbh b' iomadh neònachas is comas a bha aig taigh Chonaill nach robh aig taighean chàich. Bu bheag an t-iongnadh sin ge-tà is e na stiùiriche deilbhidh aig Corporachd na Beatha Foirfe a bha air monopolaidh san ghnìomhachas a mhealadh on a thugadh cumhnant dhaibh le Caidreachas Taigheadais Roinn An Ath-leasachaidh. Bha aon feart sònraichte ge-tà aig an taigh aig Conall a thug bàrr orra uile is sin gun robh aigne aige. Bha an comas a bhith a' toirt a-steach fios bhon

àrainneachd mu thimcheall aig na taighean uile is gnìomhan a thoirt gu buil ri linn a-rèir àitheantan ro-òrdaichte; an taigh a theasachadh le bhith a' luathachadh am meatabolasam nuair a thuiteadh an teothachd no an sùilean fhosgladh gus an solas a leigeil a-steach nuair a dhùisgeadh na daoine na bhroinn is mar sin air adhart. Ach bha comas aig taigh Chonaill meòrachadh air an fhios a thrusadh e mus teannadh e ri gnìomh a fhreagrachd air a bhreathnaicheas fhèin air a' chùis oir, an àite nan cnapan de cheallan nearbha a bhiodh air am fighe a-steach gu structar nan taighean eile, bha eanchainn slàn aig taigh Chonaill. Bha sin an aghaidh reachdan a' bhith-theicneolais, bha làn fhios aig Conall. B' ann aigesan a bu chòir fios a bhith 's e am measg an fheadhainn a chruthaich na reachdan 's a chiad dol a-mach is a chuir ainm ris. Ach chan eil ceist shaidheansail nach b' fhiach sgrùdadh am beachd Chonaill. Fad iomadh bliadhna chaidh a phiobrachadh le smaointean air na comasan is na leasaichean a dh'fhaodadh a bhith an lùib taigh le tùr mus do chuir e am beachd an gnìomh.

Dh'fhosgail an duilleag-dorais eadar an trannsa is an seòmar suidhe. Leig Conall às a' mhàileid air an làr is chaidh e troimhe. 'Latha trang aig d' obair?' thuirt an taigh ris. Bha am beul a-nis air gluasad dhan taobh a-staigh is na liopan aig an taigh a' tonnadh ann am feòil mhèith a' bhalla. Lean clach na sùla ri thaobh gach gluasad aig Conall. Bha e air sùil a chruthachadh ann an gach sheòmair gus am b' urrainn don taigh a bhith mothachail air dìth sam bith a bha air is gus conaltradh a dhèanamh eatorra nas coileanta.

Ghnog Conall a cheann.

""Gun obair, gun adhbhar"" mar a chuir Dostoevsky an cèille e.' lean an taigh air.

Bha àm ann a bhiodh esan is an taigh a' bruidhinn air rudan suarach, togarrach às dèidh dha tilleadh bhon obair smaoinich Conall. O chionn greis bha an taigh aige air fàs cho trom-chùiseach. Bha e a cheart cho titheach le duine eile aig an robh an aon inntleachd air cnuasachadh is beachdachadh air na cuspairean mòra ach nach e bhiodh math a bhith ri pronn-chainnt an dràsta agus a rithist.

"Air no 's e do dhreach obrach do ghairm spioradail." Sin Van Goch dhut'.

'Van Goch a thuit sin ann an dhà rìreabh? 'S tu a tha làn feallsanachd an diugh.' Thàinig na faclan aig Conall a-mach mar chronachadh ge b' oil leis.

'Uil, dè eile a nì taigh is e a' feitheamh air tilleadh a shealbhadair?'

"Cha chùm mi suas riut a-nochd tha eagal orm. S' e dìreach nach e feallsanachd a tha dhìth orm an dràsta ach suidhe is mòmaid de dh'fhois.'

Dh' at am balla ri thaobh is thàrmaich sòfa as. Thuit Conall a-steach ann is leig e leis na sgìths a' sguabadh troimhe. Na thuaineal thionndaidh e ris an tè a bu chòir a bhith na sùidh ri thaobh is a chitheadh e gu soilleir an sùil inntinn; na mìog-shùilean donn aice ga fhàilteachadh is an toinneamh beag laghach sin na faite-ghàire air an robh e cho measail; i a' ruith a corragan gu mìn tro falt mar bu ghnàth dhi. Son tiotan dh'fhairich e aig fois. Ach s' iomadh latha, grunn bliadhna gu dearbh, on latha ud a bha a chèile Aisling air èiridh bhon dearbh sòfa son an turas mu dheireadh 'Chan fhuing mi an còrr.' Na faclan mallaichte dealachaidh aice nach sgùradh a dhol ma cheann. B' iomadh turas a chualas na dearbh faclan sin aice roimhe às dèidh fear eile de

na conasan suarach sin a bhiodh aca gu cunbhalach. Theicheadh i ach thilleadh i an ceann greis. An turasa cha do thill i riamh. Chuir e fios a dh' ionnsaigh charaidean. Chuir e fios a dh' ionnsaigh dlùth is dàimh ach cha d'fhuair e a-mach dìreach dè thachair dhi. 'S cinnteach gun robh iad ga dìon le bhith a' cleith na firinn bhuaithe. Sin mar a mhìneach e a' chùis dha fhèin ach cha b' urrainn dha gun a bhith ga bhuaireadh fhèin leis an smuain gun robh rudeigin caran neònach mun ghnòthach. Cha b' e càirdeas a bha daonnan rèidh a bh' ann eatorra ach bha iad air a bhith onarach le càch a' chèile. Bhiodh i air brath a chur thuige. Chrath Conall a cheann a' cur na h-ìomhaigh às a cheann.

'Dad a dhith ort?' dhùisg guth an taighe Conall bhon bhreislich aige.

'Chan eil. Fanaidh mi greis nam shìneadh an seo gus an till beagan dhen spìonadh agam mus cur mi m' aghaidh air dinnear.'

Shìn Conall e fhèin a-mach air fad an t-sòfa.

'Tha fhios agam dè tha dhith ort,' thuirt an taigh. Le sinn dh'èirich co-mheasgachadh de fuaimean tiamhaidh bhon trannsa-sgòrnain a sruth a-steach dha t-seòmair. Ged nach aithnichte fuaim dheimhinnte fa-leth ann, ann an inntinn Chonaill chluinneadh e tonnan socair a' bualadh ri tìr, eunlaith mara a' seirm bho fad às. Bho taobh thall na faire bha còisir de thrompaidean nèamhail ag èiridh. Thilg e a cheann air ais air gàirdean an t-sòfa is dùr choimhead e ri cuisleachadh socair mullach an t-seòmair. Chaidh a shuaineadh an sin le luisneadh caoin bhon bhaictear bio-lùmanach a bha air fhisge a-steach do na ballaichean. San t-solas fhann bha Conall mothachail do phlogadh socair an t-seòmair uime. Bha e air tilleadh greiseag dhan bholg.

Cha b' e seòmair mòr no leòmach a bh' ann mar cuid de na seòmraichean a dhealbhadh e do chàch. Simplidh is seasgair, sin mar a bha e ga iarraidh, rudeigin a chuireadh na chuimhne an seòrsa taigh coitcheann bhon linn san deach a thogail ged nach b' ionnan an dà rud gu fiosaigeach, fada bhuaithe, breicean san seann taighe is ceallan bitheach san taigh seo. Air na lannan a stob a-mach às a' bhalla bha cruinneachadh beag de dh'oibseactan a ghleidh Conall bho òigrìdh air an càradh; seann dèideadh stèisean fànais le peant sgròbte is pìosan a dhìth, clagainn nathrach a lorg e ann an gàrradh cùl an taighe aige, dealbhan de a phàrantan is a phiuthar bheag a chaochail na deugaire, pìosan dhen seann seata saidheans a fhuair e airson ochdamh co-là breith is a bhrosnaich e gus teannadh ri saidheans; dà thiùb-deuchainne, meanbh-mhaicreagop, botail làn phùdaran de dhiofar dhathan is bileag stiùiridh. B' fheàrr le Conall cuimhne a bhith aige air cò às a thàinig e is eagal aige mura biodh gun cailleadh e cò e gu tùr is e air siubhal cho fada bhon togail iriosal gu far an robh e an diugh; na dhuine bheartach, aon de na daoine às cumhachdaiche gu dearbh sa chaidreachas. Thug an sealladh tron uinneig fa chomhair fianais dha air a bhuidh is a' ghrian a' dol fodha air cùl na mara de thogalaichean a shin foidhe chun na faire. Eadar cumaidhean ceàrnagach nan seann thogalaichean stàilinn is concait bha cruthan organach nam bith-thaighean a' sìor bhòrcadh mar balgan-buachair air làr coille. Cha b' urrainn dha Chonall gun a bhith a' faighinn toil inntinn bhon t-sealladh is fios aige gun robh gnothaich aige, gu ìre beag no mòr, ri gach fear de na taighean sin.

Carson a dh'fhalbh i? Bu chòir gur e coileanadh air ceithir bliadhna de shuirghe is de dh'ullachadh a bhiodh anns an imprig aca dhan taigh. Bhiodh rùm aca son cloinne sna seòmraichean shuas mas e sin a bha gu

bhith an dàn dhaibh. Cha b' e gun robh iad a' meòrachadh cus air a' ghnothach is iad ro thrang a' mealadh gach latha dìreach mar a thigeadh e dhaibh. Aig an aon àm bha e mothachail gun robh rudeigin às àite oir an dràsta is a-rithis bhiodh Aisling a' seargadh a-steach dhi fhèin mar gun robh sgàil air tuiteam thairis oirre. Bhiodh làithean ann an uairsin anns nach rachadh facal, cha mhòr, eatorra mus togadh a sunnd às ùr. 'Dè tha cur ort?' dh'fhaighnicheadh e dhith uair is i uair. 'S e druitedh a gheibheadh e mar fhreagairt. Aon uair chaidh e air a tòir mar sealgair an toir a chreiche bho rùm gu rùm is e air a lèireadh leis an t-suidheachadh san robh e. 'Dè tha cearr ort? Nach innis thu dhomh. Gu dè chaidh ceàrr?' Thionndaidh i air mu dheireadh mar bheathach air an robh eagal a beatha, is i glacte an oisinn a' chidsin.

'S e an taigh!' dh' èigh i air. 'Tha an taigh seo nimheil.'

Carson a bha na smuaintean sin oire-se ga bhuaireadh na h-uiread an oidhche sin, dìreach nuair a bha e am beachd gun robh e a' faighinn seachad oirre? Bha làn fhios aige carson. Ciont. B' e sin a' chiad oidhche a thigeadh Bhrìde dhan taigh. Sna ceithir mìosan on a thoisich iad air tìde a chur seachad an cuideachd a chèile bha e air a cumail aig astar. Bha an t-àm aige gluasad air adhart le a bheatha.

'Dè an uair a tha e?' dh'èirich monmhar Chonail às an t-sòfa.

'Ceithir mionaidean às dèidh a sia.' fhreagair an taigh. 'Carson?'

'Shit.' Shuidh Conall an àird le clisgeadh. 'Tha agam ri dinnear uallachadh.'

'Na gabh dragh mu sin,' thuirt an taigh. 'Tha mi air biadh òrdachadh a-steach. Thèid agad air gabhail air do shocair.'

Dh'fhairich Conall teine-bheum feirg aithghearr a' dol troimhe. Bha àm ann nach gabhadh e diomb mu nì a dhèanadh an taigh ach bha e mothachail a-nis air cho tric a dh' fhàgadh na rudan beaga a dhèanadh an taigh air a cheann fhèin an-fhoiseil e.

'Feumaidh tu an t-òrdugh a chur dheth.' Thàinig na faclan às na bu ghèire na bha e an dùil. 'Tha miann agam a bhith ri còcaireachd. Tha an stuth agam a-staigh'.

'Glè mhath ma-thà. Ach..'

'Tha cuideigin gu bhith a tadhal oirnn.' lean Conall air mus robh cothrom aig an taigh cur ris a sheanachas. 'Aoigh agam. Gheall mi dhi gun dèanainn fhèin biadh dhuinn'

'Chan àbhaist aighean a bhith agad a-staigh.'

'Uil, 's dòcha gu bheil an t-àm ann sin atharrachadh.' Dh'èirich Conall is rinn e air a' chidsin an ath-dhoras. Bha e letheach slighe tron tollan eadar an dà sheòmair nuair a thàinig guth an taighe às a dhèidh.

'Tha thu air dìochuimhneachadh nach eil?'

'A bheil? Dè?'

'Gur e an diugh fhèin deicheamh ceann-bliadhna latha mo ghintinn. Nach àbhaist dhuinn a bhith a' comharrachadh an latha sin a thug thu beatha dhomh?'

'Nì sinn sin, ach le tè eile nar cuideachd am bliadhna.'

'Nach fan thu tamail is an stòraidh aithris aon uair eile mu mar a chuir thu an siol DNA. Mar a sheall thu ris is e ga roinn is ga ath roinn.'

Dh'fhalbh Conall a-steach dhan chidsin gun freagairt a thoirt seachad. Bhon a tharraing Conall an sgian bhon bhloca sgèine is a theann e ri glasraich ullachadh gus an do nochd Brìde aig an taighe is e ri sgeadachadh a' torte seoclaid le bleideagan seoclaid dubha cha chualas facal bho Conall no an taigh. A dh'aindeoin a sgìths is an aghaidh a dhùil thug an còcaireachd toil-inntinn dha is e cho fada bhon a dh'uallaich e biadh dha cuideigin eile no fiù 's dha fhèin is e beò air deas-bhiadh nuair nach robh e ag ithe a-muigh. B' ann le cùram is bàidh nach beag, a làimhsich e gach mìr bìdh; glasraich shultmhor ga rùsgadh; feòil mheath is an fhùil a' sileadh sìos a chorrigan; measan reamhar, pronn, abaich a-striochdadh do fhaobhar; annlan is sabhsan a' splaiseadh is a' stealladh.

Nochd cuspair a rùn san t-seòmair suidh mar Ìomhaigh às bruidhear, na sùilean tuirceas aice a' dealradh air Conall fo gruag ruadh air sguabadh gu aon taobh a' fàgail cluas is muineal ris. Chaidh sùil Chonaill a tharraing gu neamhnaid na fàinne chluaise a chroch far clibean a cluaise is a chniadaicheadh craiceann mìn a muineil le gach gluasad a cinn. Chuir i dhith a còta a' toirt am fianais an dreasa sròil ghoirid grinn aice air an aon dath ri a sùilean a lean gu dlùth ri gach lùb is bòrcadh de a bodhaig cuimir. B' e foirgheall rùn a bha anns an dreasa sin. Dh'fhairicheadh Conall a bhuille-chuise a' luathachadh. Sheas e an sin greis mar deugaire fiamhail mus chrùb e dha h-ionnsaigh is a thug e pòg aithghearr gun for aige air ciamar a bu chòir dha e fhèin a ghiùlan 's e cho neo-chleachdte a-nis ri geama

na suirghe. Nuair a bhruidhinn e mu dheireadh thall b' ann gu teabadach a thàinig na faclan às.

'Ha..hàlò Bhrìde. Gabh.. seagh. Gabh Suidh!'

Chomharraich e an taobh a bu chòir dhan t-sòfa a bhith. Cha robh sgeul air an t-sòfa.

'A thaigh. Sòfa! Feumaidh sinn suidh'. spliathartaich e le beagan éiginn na ghuth nach deach aige air cleith.

Gu màirnealach dh' at an sòfa às ùr às a' bhalla is shuidh Bhrìde a-steach ann. Nuair a choimhead i suas air bha aincheist na sùilean. Cho luath 's a shuidh e fhèin ri taobh b' aithne dha de a b' adhbhar don mì-chofhurtachd aig a chompanach. Bha cnapan beaga air cinntinn air uachdar an t-sòfa is nas miosa buileach na sin, bha iad a' lùbairnich fo a thòn. Dh'èirich e gu grad. Rug e air làimh air Bhrìde is spìon e às an t-sòfa i.

'Tugainn.' thuirt e 'Gabhamaid druideag an ath-dhoras mus ithe sin.' Mus robh cothrom aig a' bhoireannach faclan a chuir ris an imcheist na ceann, threòir e a-steach i tron tollan dhan t-seòmair bìdh. B' e sin an seòmair a bu choltaiche ri seòmraichean nan seann taighean ceart-cheàrnach gun ach na lùban beaga sna h-òisnean a sheall gur e lag ann an bithe beò a' bh' ann is nach e breiceachan is mortair. Am meadhan an ruim bha bòrd tomadach is uime sin ceithir seithrichean air an cruthachadh a' fàs cnàmhach air cruth àirneis àrsaidh fiodha; gun comas mùthadh no gluasad. Air na ballachan umpa bha an obair ealain a chruthaich Conall; dìreach airson spòrs; le bhith a' snìomh DNA faoighiche a-steach gu DNA a' bhalla a thug air ceallan a' bhalla fàs nan spreadhaidhean dhatha is chumaidhean. Bha na h-aodannan aig Bhrìde is Conall air am failceadh le luisne fann, sìor-mhùthach nan dealbh. Gu h-os ìosal thug

Conall sùil air an t-sùil sa bhalla cùl. Dh'fhàg e rud beag an-fhoiseil e nach ann airson a bha i a' coimhead ach gun robh i dian ghlacte leis a' bhoireannach air a bheulaibh. Stiùir Conall Bride a-steach gu aon de na seithrichean is ghearr e fhèin gu sgiobalta a-steach dhan chidsin. Fhuair e greim air glainne a lion e le uisge is thug e slug aithghearr as. Dh'fheuch e air cunntadh gu deich gu mall ach nuair a thuislich na faclan a-mach air muin a chèile thug e suas. Gheàrr e seachad air spruilleach nan soitheachan is nam poitean salach is e a' cumail a shùilean far na h-ìomhaighe mì-mhisneachail is thog e botail fiona a-mach às a' bhalg fhionnair aig cùl a' chidsin. Le dà ghlainne crochte eadar corragan na làimhe eile thill e dhan t-seòmar bìdh.

'Fuirich gus am blàs thu air sin.' Dhòirt e am fion, glainne dha Bride is glainne dha fhèin. Thilg e a' ghlainne aige fhèin sìos a shlugan na bu luath na bu mhiann leis no na bha sìobhalta. B' ann le beagan tàmailt a shìolp e air ais dhan chidsin a dh'iarraidh na sligean-chreachainn le marag dhubh is sailead rocaid. Le glainne fiona eile air mùin nan creachann dh'fhairich Conall an stòldachd aige a' tilleadh thuige. Bha e coltach gun robh a chompanach air an aon dòigh, is fiamh a gàire air tilleadh gu na liopan min, mealltach aice. Gabh iad glainne eile an urra leis a' phrìomh chùrsa, is sruth an cabadaich aighearrach gu siùbhlach eatorra thar na mairtfeola Stroganoff. B' fhada on a dh'òl Conall na h-uiread is theàrn smodaraich bhlàth air eanchainn. Fhuair e gun robh e a' còrdadh ris. Dh' ath-fhuaimnich na faclan aig Bride ma cheann mar gun robh iad a' tighinn thuige tro thunail, lùbach.

'An..an toil lea...leat m..mi?' Bha na faclan air bhith a-mach à beul Bride greis, crochte san adhar, leis a' ghàire ghogaideach aice eatorra mus do shìn Conall a làmh thairis ar a' bhòrd is a chàraich e air mùin na

làimhe aig Brìde i. 'An toil leam thu? Abair ceist ghòrach. Tha gràdh agam ort.' 'S dòcha gun robh e air a dhol ro fhada leis na faclan sin ach b' e sin dìreach mar a bha e a' faireachdainn aig a' mhòmaid sin. Nuair a thug e sùil na sùilean chaidh aire a tharraing gu dathan an deilbh air cùl Brìde is coltas ann gun robh iad a' snàmh is na cumaidhean aige a' cuairteachadh. Mura robh e air a mhealladh bha ìomhaigh a' tàthachadh ann is gach mìr dhan ìomhaigh a' gluasad gu ruige ceann-uidhe ro-òrdaichte mar gun robh los aige ri choileanadh. Chreanaich an ìomhaigh sin fa chomhair fad ghreis mus sheatlaig e is a dhruidh e a-steach air dè a bh' ann. Aodann. Aodann boireann. Aodann a sheana chèile a' dùr coimhead air le sùilean griosach. Theann na liopan aice ri snìomh an uairsin is a h-aogas ri fiarachadh. Bha i a' glaothadh rudeigin air ach cha robh fuaim a' tighinn aiste. Leig e às an làmh aig Brìde gu grad is nochd coltas na h-oillte na shùilean.

'A bheil thu ceart gu leòr?' Chluinntean an t-iomagan ann an guth Brìde.

Dhùisg an guth aig Brìde Conall bhon ghleò aige. Chrath e a cheann. 'Tha. Dìreach gun deach mo cheann na bhreislich tiotan. Feumaidh gur e am fion a bu choireach.'

B' e Brìde a-nis a shìn a làimh thairis air a bhòrd is a chàraich air mùin na làimhe aig Conall i.

'Chan fheum cabhag a bhith oirne.'

'Tha mi taghta a-nis.' Bha Conall fhathast mothachail gun robh an ìomhaigh air cùl Brìde a' snìomh is a' toirt a' choltais air ceann Brìde gun robh e a' sìor at is a' seargadh, is ìomhaigh aodainn a sheann mnà mar riomball mu aodann a chompanaich ùir. Sheall e an

dàrna taobh.

'S dòcha gum bu chòir dhuinn gabhail air ar socair. B' fheàirde thu tìde gus cnuasachadh beagan mu chùisean saoilidh mi. 'S còir dhomh falbh.'

'Fuirich!' brùchd am facal aig Conall a-mach mar aithne. Mhaoth e a ghuth. 'Chan eil thu air blasadh air an torte seoclaid agam fhathast, 's e air a dhèanamh leis na làmhan tiom agam fhèin.'

'OK ma-thà. Blaiseamaid air annas do làmhan mus tog mi orm.'

Rinn Conall air a' chidsin mus robh cothrom aig Briede a h-inntinn atharrachadh. Air a bheulaibh bha sùil a' chidsin leth-dhùinte is sgàile na sùla a' laighe gu trom thairte. Bha falmhachd ann an doimhneachd dhorcha na cloiche mar nach robh aigne air a cùl. Ach b' aithne do Chonall fiù 's ged nach biodh an taigh ga leantainn le shùil gum biodh na mìltean de mhothaichearan a bha air am fighe a-steach na chraiceann is na fheòl, a' sìor chumail fios mionaideach ris mu gach gluasad aige, gach tarraing anail, gach bualadh cridhe. Shiab e a-null mar mheàrlach dhan bhalg fhionnar is shìn e a làmh a-steach ann. Chuairtich am fuachd i mar mhiotag throm. Ghluais e a làmh mu thimcheall gus am beanadh i ris na truinnearan air am biodh na tabhartasan mèith gaol aige nan laighe, seachad air cnapan nan ceallan iomlaid teasa. Thog e fear dhiubh ach nuair a thàinig e am follais às beul a' bhuilg bu lèir dha gun robh e falamh gun ach smàl an siud 's an seo air a' bhonn mar fhianais air an fhìnealtas a bha a dhìth. Nuair a thog e an dàrna tè bha e an aon rud.

Nan robh e gu bhith a' faighinn fuasgladh air an staing san robh e b' fheudar dha smachd a chumail air an

fhearg a bha ag èirigh na chom. Bha eanchainn a' riasladh le leisgeulan a bheireadh e seachad don chompanach aige. Cha robh am mìlsean deiseil; ach bha e air innse gun robh. Gun deach a losgadh is nach do mhothaich e na bu thràithe. Gòrach.... Tubaist. Sin e. Leig e às an dà shoitheach a chaidh nan spealagan air an làir is thug e seachad beagan tìde a sgioblachadh mus do chuir e aghaidh air an t-seòmar bìdh is Bhrìde le làmhnan falamh. Bha am facal 'duilich' dìreach a' tighinn bàrr a theanga is e a' dol a-steach an ath-dhoras nuair a bhuail e air nach robh sgeul air Bhrìde ann.

Mus robh cothrom aige meòrachadh air a' chùis bhruidhinn an taigh 'Dh'fhalbh i,' thuirt e. 'Cha robh thu an dùil gun fuiricheadh i an robh?'

'Thèid mi na tòir, air eagal 's gun do dh'èirich mì-thuigse air choireigin eadarainn. Cha do dh'fhàg i fiù 's soraidh agam.' Le sin rinn Conall air an t-seòmar suidh is an doras a-mach.

'A bheil thu cinnteach gur e deagh bheachd a th' ann.' lean an guth aig taigh Chonail e mar cuileag buaireanta. Dh'fheuch e air a chur às a cheann. An sin air bha an còta aig Bhrìde fhathast air a chrochadh air a' bhalla.

'Seall. Dh'fhàg i a còta.'

'A bheil thu cinnteach gun do dh'fhàg?'

'Gu dè tha dol an seo?.' Bha an doras beòil air seargadh air falbh fa chomhair Chonail gus nach robh ach balla feòla dhanarra fa near dha. 'Leig às mi!' Dh'èigh e.

Thionndaidh e air ais dhan rùm far an robh cnapan is nòidealan a-nis a' snìomhachdainn thar a' bhalla. Theann cuid dhiubh air tàthachadh air a' bhalla chùil is

a-mach às a' cho-chruinneachadh nochd cruth aodainn; aodann a sheann chèile. Bha i fhathast a' sgreadadh ris gu sàmhach air ach an turas-sa cha b' e fearg ach èiginn a chunnaic e na sùilean. Chlisg e is chuir e car dheth dhan dàrna taobh, a' cur cùl rithe. An sin fhuair e aodann eile a bha mar sgathan air a chiad tè is e cuideachd a' sgreadadh air, ach gun robh na feartan caran diofraichte. Thug e tiotan mus tàinig e a-steach air gur e aodann Bhrìde a bh' ann. Eadar an dà bha na bilean aig an taigh a' toinneamh thar na fiaclan fìorghlan geal aige.

'Cha bu chòir dhut m' fhàgail an seo.' Thàinig na faclan tromhpa. 'Na h-uairean gun crìoch is mi an seo le mo smuaintean. Tha mi gad chall. '

Ruith Conall a-steach dhan chidsin is thog e an sgian a bha fhathast na laighe an sin air a' chlàr obrach is fiamhan fala na mairtfeola a deargadh an fhaobhair an siud 's an seo. Thilg e dhan t-seòmar suidh is an sgian togte air beulaibh aodainn.

'Leig às mi!' Dh'èigh e a rithist. Le sin shàth e an sgian gu domhain a-steach gu feòl a' bhalla. 'Mura fosgail thu dhomh fosglaidh mi toll dhomh fhèin.' theann e ri sàbhadh ris an sgian na chaoch is an fhuil bitheanta aig an taigh a' bòrcadh mun sgian. B' e a' chiad tuairmse a fhuair e gun robh beul an taigh a' dlùthadh air anail cùbhraidh tais ga shuaineadh is sàmh torte seoclaid air. Thionndaidh e ris is fhuair e gun robh teanga biorach an taighe ga chuariteachadh. Tharraing e an sgian aige às a' bhalla is shad e a-steach gu feòil fhèithear na teanga. Ach bha e ro fhadalach. Le crùbadh clis dhen teanga chaidh a tharraing a-steach eadar na faclan.

Dhùin am beul is thuit Conall a-steach gu dorchadas buan.